



# A' Comharrachadh talamh Scott

Thathar gu bhith a' comharrachadh gu bheil 200 bliadhna ann bho rinn Sir Walter Scott a' bhàrdachd ainmeil, Lady of the Lake, le bhith a' cur air chois sreath de thachartasan cultarail am-bliadhna anns na Tròiseachan. Am measg nan tachartasan sin, tha cuairt coiseachd ùr mun cuairt air Loch Katrine



Ann an 2010, bidh 200 bliadhna ann bho rinn Sir Walter Scott a' bhàrdachd aig *Lady of the Lake*. Do dhaoine anns an latha an-diugh, 's dòcha nach bi cus ùidh ann. Ach 's cinnteach gum b' e *Lady of the Lake* a bu choireach gun tàinig atharrachadh air a' bheachd a bha aig daoine air seallaidhean na Gàidhealtachd agus gum b' e a bu choireach gun robh slugh mòr a' dol air saor-làithean dhan Ghàidhealtachd.

Aig toiseach na 19mh linn, bha an gluasad Romansach a' sgaoleadh tron Roinn Eòrpa agus bhathar a' sireadh àiteachan brèagha nach robh air tighinn fo bhuidh mhòr bho mhac-an-duine. Bha Scott dioghrasach ann a bhith ag àrdachadh inbhe na h-Alba mar dhùthaich le seallaidhean-tìre fhiadhaich agus le beartas de dh'eachdraidh agus de dh'ùrsgeulan. Roimhe sin, bha seallaidhean-tìre fiadhaich air a bhith air am measadh mar àiteachan eagallach agus borb ri bhith air an seachnadh. Ach, bhrosnaich Scott daoine gus sealltainn orra mar àiteachan eireachdail air am faodadh iad barrachd eòlais a chur. Agus bha soirbheachadh *Lady of the Lake* cho farsaing 's gun do bhrosnaich e luchd-turais a dhol dha na Tròiseachan agus a dh'Alba airson a' chiad uair.

Gus ceann-bliadhna sònraichte a' phios bàrdachd seo a chomharrachadh, tha sreath de thachartasan gu bhith anns na Tròiseachan bhon Chèitein gu Sultain. Bidh na tachartasan an dà chuid do mhuinntir na sgìre agus do luchd-turais agus bithear a' comharrachadh na bàrdachd agus ag àrdachadh aithne mu sheallaidhean-tìre nàdarra agus cultarach na sgìre.

## Fiosrachadh

Fhuair Scott barrachd cliù mar bhàrd airson *Lady of the Lake* na fhuair e airson bàrdachd sam bith eile. Leis gun do reic e 25,000 leth-bhreac ann an ochd mìosan, bha e na bu shoirbheachaile na gin a chaidh fhoillseachadh roimhe sin agus rinn Scott agus am foillsichear aige fortan. Fhuair Scott eadhon cliù air taobh a-muigh Bhreatainn, gu sònraichte anns na Stàitean Aonaichte. Gus coimeas a dhèanamh, cha do reic am bàrd Romansach ainmeil, Wordsworth, ach 3,000 leth-bhreac na bheatha den leabhar bàrdachd a bu shoirbheachaile aige.

Stèidhich Scott a' bhàrdachd *Lady of the Lake*, a bha 80 duilleag a dh'fhaid, ann an 1530, nuair a bha an Rìgh Seumas V air a' chrùn. Chaidh a' bhàrdachd a sgrìobhadh ann an sia pàirtean, le gach pàirt a' riochdachadh latha, agus bha an cuspair stèidhichte air an strì a bha eadar Seumas agus cinneadh cumhachdach nan Dùghlasaich. Tha e a' tòiseachadh le Seumas air èideadh na ridir 's e a' sealg damh air beanntan nan Tròiseachan. Tha e a' faighinn fasnachadh airson na h-oidhche aig Ruairidh Dubh, ceann-cinnidh fiadhaich, Gàidhealach air eilean ann an Loch Katrine. Tha an rìgh a' tuiteam ann an trom ghaol le Ellen, an nighean bhòidheach aig Dùghlas Dubh. Tha a' bhàrdachd a' crìochnachadh leis an rìgh a' dèanamh sìth agus a' saoradh Dhùghlais Dhuibh an dèidh do dh'Ellen tighinn le fàinne a bha Seumas air a thoirt dhi nuair a thug i dha fasnachadh na h-oidhche.

## Buaidh

Tha earrannan spreagach agus tuairisgeulach anns a' bhàrdachd a tha a' toirt eachdraidh agus seallaidhean-tìre nan Tròiseachan beò dhan luchd-leughaidh:


*The summer dawn's reflected hue  
To purple changed Loch Katrine blue;  
Mildly and soft the western breeze  
Just kissed the lake, just stirred the trees*

Bha luchd-leughaidh air am beò-ghlacadh le bàrdachd mar seo agus bha e na bu shoirbheachaile na bàrdachd sam bith a chaidh fhoillseachadh roimhe sin. Thàinig sruth de luchd-turais a shealltainn air na seallaidhean air an robh Scott air iomradh a thoirt cho healanta. An dèidh an fhoillseachaidh, thàinig àrdachadh bho 48 air aon bhliadhna gu 279 an ath-bhliadhna air na bha de charbadan a' dol seachad air Loch Katrine! Bha dha-rìribh dùmhlachd charbadan anns an sgìre!

Chuidich a' bhàrdachd cuideachd gus a' Ghàidhealtachd a stèidheachadh mar àite romansach, agus b' e Scott a bha an sàs ann a bhith a' stiùireadh turas Rìgh Deòrsa IV gu Dùn Èideann ann an 1822. Chuir e èideadh tartan air an Rìgh agus bhrosnaich sin daoine gus èideadh Gàidhealach, a bha air a chasg an dèidh àr-a-mach nan Seumasach ann an 1745, a chleachdadh a-rithist.

Bhrosnaich an ceòl luchd-ciùil agus luchd-ealain bho air feadh an t-saoghail.

– Bha ceòl air a chur ris na trì òrain aig Ellen bhon bhàrdachd aig Scott le Franz Schubert. Dh'fhàs an ceòl a rinn e airson



1  
Tha Loch Katrine mu 13 km (8 mile) a dh'fhaid agus 1km (0.6 mile) a leud. 'S e am prìomh thasgadh uisge adhan chuid as motha de Ghlaschu agus na sgìrean timcheall air.

2  
B'e a' bhàrdachd *Lady of the Lake* a b' adhbhar airson a' chiad shruth de luchd-turais ann an Alba.

3  
An dealbh a rinn Sir Henry Raeburn de Sir Walter Scott (1822).

4  
Tha am bàta-smùide eachdraidheil, *Sir Walter Scott*, air a bhith a' seòladh uisgeachan Loch Katrine airson còrr air ceud bliadhna.

an treas òran na b'ainmeile fon ainm Ave Maria.

- Bha sreathan bhon bhàrdachd, Hail to the Chief who in triumph advances!, am measg nam feadhainn a chaidh ceòl a chur riutha. Dh'fhàs daoine dèigheil air a' chaismeachd Hail to the Chief ann an taighean-ciùil anns an Rìoghachd Aonaichte agus anns na Stàitean Aonaichte. Chòrd e cho mòr ri bean a' Cheann-suidhe 's gun do dh'òrdaich i gum biodh e air a chluich uair sam bith a nochdadh e san t-seòmar gus am biodh fhios aig daoine gun robh e air tighinn a-steach. Tha e air a chluich chun an latha an-diugh agus chaidh a chluich nuair a chaidh an Ceann-suidhe Obama a chur san dreuchd.
- Bha luchd-ealain air an tàladh gu sealladh-tìre na h-Alba leis mar a bha e a' toirt iomradh ùirsgeulach, làn faireach dainn dhen tìr, gu h-àraid dhen Ghàidhealtachd. Seall air an dealbh aig John Knox, Landscape with Tourists at Loch Katrine ann an Gailearaidh Nàiseanta na h-Alba agus chì thu eisimpleir làidir dhen bhuaidh a bha aig Scott.

Comhairle Shruighlea agus gnòthachasan agus coimhearsnachdan ionadail. 'S e 'The Chase' fear dhe na prìomh thachartasan a tha gu bhith a' tachairt as t-fhoghar 2010. Tha 'The Chase' air ainmeachadh an dèidh a' chiad phàirt dhen bhàrdachd far a bheil Seumas V a' sealg damh anns na Tròiseachan. 'S e tachartas spòrs a bhios freagarrach do theaghlachan a bhios ann, anns am bi ruith, rothaireachd, air slighe an t-seilg anns a' bhàrdachd agus a' crìochnachadh le cèilidh air an oidhche.

Am measg nan tachartasan eile bidh:

- cuairt stèidhichte air ealain agus litreachas mun cuairt air Loch Katrine;
- tursan brosnachail air Loch Katrine;
- seachdain fhiolmaichean anns na Tròiseachan;
- ath-chlò-bhualadh sgoinneil de *Lady of the Lake*; agus iomadh taisbeanadh agus cuairtean coiseachd.

"Tha na tachartasan a' toirt cothrom fìor mhath do dhaoine tuigse fhaighinn air a' cheangal eadar daoine agus an t-àite," mhinich Pòl Roberts, an t-oifigear sgìre aig SNH ann an Sruighlea a tha an urra ri bhith a' conaltradh ris a' phàirc nàiseanta. "Tha iad cuideachd a' toirt cothrom do dhaoine tuigse fhaighinn air mar a tha na seallaidhean-tìre ag atharrachadh tro ùine agus ceangal a dhèanamh ris an sin agus na h-atharrachaidhean a dh'fhaodadh tighinn an cois atharrachadh anns a' ghnàth-shìde."

Gus barrachd fiosrachaidh air na tha gu bhith a' tachairt gus bàrdachd Scott a chomharrachadh theirig gu [www.scottscotland.co.uk](http://www.scottscotland.co.uk)

## Prògram

Tha Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn agus nan Tròiseachan am beachd an ceann-bliadhna a chomharrachadh le prògram de thachartasan cultarail agus litreachais a choimheadas gu sònraichte air dualchas nàdarra agus cultarail nan Tròiseachan. Tha taic bho na tachartasan a' tighinn bho SNH, Coimisean Coilltearachd na h-Alba, Event Scotland, LEADER,

Bha Scott dìoghrasach ann a bhith a' sgrìobhadh mu Alba mar àite a bha fiadhaich, le seallaidhean-tìre gun smal, beartach ann an eachdraidh agus uirsgeulan.

